

Modhan- obrach soirbheachail airson ionnsachadh a-muigh

Aithisg le Luchd-
sgrùdaidh na
Banrigh

Gearran 2022



Clàr-innse

Facal-toisich	2
Ro-ràdh	3
Cùl-fhiosrachadh	4
Prìomh Thoraidhean	5
1. Ceannardas	6
2. A' cumail taic ri lìbhrigeadh a' churraicealaim	10
3. Eòlasan cloinne is dhaoine òga	13
4. Sunnd	16
5. Com-pàirteachasan	19
6. Ionnsachadh proifeasanta	22

Facal-toisich

Thathar a' dol am feabhas fhathast an dèidh COVID-19 agus tha e coltach gun toir sin ùine fhada. Tha buannachdan an lùib ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh cuideachail ann a bhith a' maothachadh nan dùbhlain agus a' cumail taic ri dol am feabhas tro bhith a' solarachadh cothroman ionnsachaidh deimhinneach. Tha fhios againn gum bi ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' cur clann is daoine òga an sàs anns an t-saoghal nàdarraich, leis an dualchas thogte againn agus le cultar is sòisealtas, agus gum bi e gam brosnachadh a dhol an sàs ann an gnìomhachdan a-muigh na h-Alba fad am beathannan. Tha fhios againn cuideachd gun cùm ionnsachadh a-muigh a tha deagh-structaraichte is deagh-dhealbhte taic ri ar clann is daoine òga agus iad a' leasachadh sgilean ceasnachaidh, cnuasachadh bhreithneach agus meòrachadh a tha a dhìth orra agus freagairt air na dùbhlain a thig oirnn gun dùil ann an saoghal an 21mh Linn.

Ri linn an cuid thadhailean, lorg Luchd-sgrùdaidh na Banrigh eisimpleirean làidir de dh'ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh ann an sgoiltean, suidheachaidhean agus com-pàirteachasan. Fhuair iad gu bheil an luchd-obrach a' freagairt ri dùbhlain a' ghalair-sgaoilte agus a' cur gu feum dòighean ùra is cruthachail gus ùidh an luchd-ionnsachadh a thogail ann a bhith a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh. Mar seo, tha iomadh neach-obrach ag ionnsachadh sgilean ùra is a' leasachadh chom-pàirteachasan ùra.

Tha fhios againn gu bheil tìde aca fhèin air a' bhlàr a-muigh, co-dhiù ann an raointean na sgoile, ann an àiteachan uaine sa bhaile, air an dùthaich ann an Alba agus ann an àireanneachdan eile a' còrdadh ri clann is daoine òga. Brosnaichidh eòlas mar seo ar luchd-ionnsachaidh a bhith ag ionnsachadh gu soirbheachail agus a bhith a' leasachadh mar shaoranaich fallain, misneachail, luimeil agus cunntachail.

Tha mi an dòchas gun cuidich toraidhean na h-aithisg seo luchd-cleachdaidh air feadh Alba a leantainn orra a' fàs is a' leasachadh chothroman planaichte de chàileachd air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh do chloinn is daoine òga.



Gayle Gorman
Àrd-neach-
sgrùdaidh na
Banrigh airson
Foghlam

Ro-ràdh

Ath-shlànachadh Foghlaim aig Riaghaltas na h-Alba: Tha an sgrìobhainn Prìomh Ghnìomhan agus Ath-cheumannan a' cur an cèill gun gabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh sgrùdaidhean t'èamatach nàiseanta os làimh mar phàirt de chur foghlam ri Ath-shlànachadh COVID-19 na h-Alba.

'S e seo a' chiad lèirmheas t'èamatach nàiseanta a-mach à trì le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' toirt tuairisgeul air cleachdadh làithreach air trì prìomh phàirtean de dh'fhoghlam na h-Alba. 'S e a tha san amharc gun comharraich seo soirbheachas ann am foghlam na h-Alba rè ùine a tha air a bhith air leth dùbhlach. Thathar an dùil cuideachd leasachaidhean ann am foghlam na h-Alba a chur air adhart tro bhith a' tarraing air beachd proifeiseanta Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ann an com-pàirteachadh nas fharsaing na tha a' dol gu math ann am buidhnean air feadh Alba. Leasaicheadh am beachd seo tro chòmhradh le luchd-cleachdaidh, an fheadhainn aig a bheil ùidh, luchd-ionnsachaidh agus tro bhith ag amharc air cleachdadh iad fhèin.

Tha sinn an dòchas gum brosnaihear meòrachadh is còmhradh proifeiseanta leis an aithisg seo air mar a tha buidhnean a' filleadh ionnsachadh a-muigh a-steach anns a' chleachdadh aca. A bharrachd air ar prìomh theachdaireachdan a chom-pàirteachadh air cleachdadh làithreach ann an ionnsachadh a-muigh, tha rannsachaidhean-cùise an lùib na h-aithisg seo de bhuidhnean a tha a' sealltainn cleachdadh èifeachdach.

Tha an aithisg seo stèidhte air fianais a chaidh a thionnail ri linn tadhailean a ghabh àite san t-Samhain agus san Dùbhlachd 2021. Thadhail Luchd-sgrùdaidh na Banrigh 4 suidheachaidhean cùram-cloinne is tràth ionnsachadh aon-seasmhach; 17 bun-sgoiltean, a' toirt a-steach

13 le clasaichean sgoil-àraich; ceithir àrd-sgoiltean; 3 sgoiltean speisealta; còig seirbheisean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd (CLD); aon sgoil Ghàidhlig agus aon sgoil do gach aois. Leis na 35 suidheachaidhean is sgoiltean a thadhail eadh bha sgaoileadh cruinn-eòlach air feadh Alba, an dà chuid an àiteachan bailteil is dùthchail. Ann an Eàrr-ràdh 1 tha liosta de na h-ionadan air an tadhaileadh.




Cùl-fhiosrachadh

Tha COVID-19 air dùbhlain a thoirt do dh'fhoghlam na h-Alba, chan ann as lugha leis gum feumar a leantainn oirnn a' tairgse ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd do chloinn is daoine òga. Airson cuid de bhuidhnean, bha COVID-19 na bhrosnachadh cuideachd a bhith a' cur am meud nan cothroman do chloinn is daoine òga ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh.

Bho àm a' chiad glasaigh-sluaigh COVID-19 sa Mhàrt 2020, lean Foghlam na h-Alba air a' leasachadh is ag atharrachadh mhodhan-obrach ann an libhrigeadh foghlam do chloinn is daoine òga. Rinn an luchd-obrach an t-ionnsachadh a thug iad seachad freagarrach rè a' chiad ghlasaidh-sluaigh agus an uair a ghluais iad gu tràth de dh'ionnsachadh air astar san Fhaoilleach 2021. Chuir an luchd-obrach ri an cuid eòlais, leasaich iad sgilean agus rannsaich iad buannachdan a tha an lùib cleachdadh a' bhlàir a-muigh gus taic a chumail ri libhrigeadh a' churraicealam. Dh'ath-chnuasaich àireamh de sgiobaidhean de luchd-obrach an lèirsinn is luachan agus dh'ath-nuadhaich iad fàth-sgeul an curraicealam gus freagairt nas fheàrr a nochdadh ri fòcas ùraichte air ionnsachadh a-muigh.

Fhuair sinn gu bheil an suidheachadh a tha air èirigh mar thoradh air a' ghalar-sgaoilte seo air luathachadh a thoirt air farsaingeachd is doimhneachd ionnsachaidh a-muigh thar roinnean. Tha an luchd-cleachdaidh fhathast a' toirt gu bàrr comas a' bhlàir a-muigh gus eòlas ionnsachadh cloinne is dhaoine òga a leasachadh. Tha ionnsachadh a-muigh a' sìor dhol na fheart a tha fighte a-steach ann an eòlas ionnsachadh làitheil ar luchd-ionnsachaidh.



San aithisg seo, tha an teirm 'ionnsachadh a-muigh' a' toirt a-steach an raon air fad de ghnìomhan ionnsachaidh a nìthear air a' bhlàr a-muigh; eadar leughadh leabhar a-muigh is gabhail pàirt ann an turas thall thairis. Tha an aithisg seo ag aithneachadh gu bheil àite ann don làn raon de dh'eòlasan ionnsachaidh a-muigh. Tha ar n-amas airson ionnsachadh a-muigh ann an Alba a' leantainn air a' nochdadh nam miannan a chuireadh a-mach ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh a-muigh.1:

- tha a' chlann is na daoine òga uile a' gabhail pàirt ann an raon de ghnìomhan ionnsachaidh adhartach is cruthachail a-muigh a tha gun teagamh nam pàirt den churraicealam
 - tha sgoiltean is ionadan a' toirt seachad cothroman cunbhalach, bitheanta, tlachdmhor is dùbhlanaich don chloinn is daoine òga uile gus ionnsachadh a-muigh fad an dreuchd san sgoil is na dèidh
 - bidh luchd-teagaisg is luchd-foghlaim a' fighe a-steach ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh sa churraicealam gus am bi ionnsachadh san àrainneachd a-muigh san da-rìribh don chloinn is daoine òga uile.
1. [An Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh A-muigh](#)

Prìomh thoraidhean

Fhuair Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gum bi e a' cur ri coileanaidhean nas fheàrr do chloinn is daoine òga far a bheil modhan-obrach èifeachdach aig buidhnean a thaobh ionnsachadh a-muigh. Am measg nan coileanaidhean seo tha buannachdan ann an sunnd, sgilean leasaichte mar dèiligeadh ri duilgheadasan is conaltradh, a bharrachd air tuigse nas doimhne air an t-saoghal sa bheil sinn beò. Mar thoradh air ar tadhalan, tha sinn air sia com-pàirtean cleachdaidh a shònrachadh a tha, còmhla ri chèile, ag adhbharachadh shuidheachaidhean far an tèid aig luchd-ionnsachaidh air ionnsachadh a-muigh de dh' àrd-chàileachd fhaighinn.



1. **Ceannardas** - Tha ceannardas èifeachdach ann an ionnsachadh a-muigh na prìomh fheart ann am buidhnean a tha a' cur àrainneachd a' bhlàir a-muigh gu làn fheum gus piseach a thoirt air coileanadh cloinne agus dhaoine òga.

2. **A' cumail taic ri libhrigeadh a' churraicealaim** - Tha e a' sìor fhàs bitheanta gum bi àrainneachdan a-muigh gan cur gu feum airson an curraicealam a libhrigeadh. Tha buaidh aig barailean, beachdan is ùidh an luchd-ionnsachaidh air mar a bhios an luchd-obrach a' planadh chothroman do dh'ionnsachadh a-muigh cloinne is dhaoine òga.

3. **Eòlasan cloinne is dhaoine òga** - Tha ionnsachadh anns agus mun bhlàr a-muigh a' dol na fheart nas treasa, nas cunbhalach de dh'eòlas ionnsachadh cloinne is dhaoine òga.

4. **Sunnd** - Tha an luchd-obrach a' cur gu feum ionnsachadh a-muigh gu h-èifeachdach gus taic a chumail ri sunnd cloinne is dhaoine òga.

5. **Com-pàirteachasan** - Tha com-pàirtichean an sàs gu h-èifeachdach ann am planadh, libhrigeadh agus measadh ionnsachaidh a-muigh.

6. **Ionnsachadh proifeiseanta** - Tha ionnsachadh proifeiseanta de dh' àrd-chàileachd a' togail misneachd an luchd-obrach ann a bhith a' libhrigeadh ionnsachaidh a-muigh.

1. Ceannardas

Tha ceannardas èifeachdach ann an ionnsachadh a-muigh na phrìomh fheart ann am buidhnean a tha a' cur àrainneachd a' bhlàir a-muigh gu làn fheum gus piseach a thoirt air coileanadh cloinne agus dhaoine òga.



“Dhearbhaich ar co-chomhairle le pàrantan is feadhainn aig a bheil ùidh gu bheil ar coimhearsnachd ag iarraidh daoine òga a bhith ‘coileanta’, a bharrachd air a bhith ag amas air ìre àrd de thoraidhean. Tha comas fìor mhòr aig ionnsachadh a-muigh a chur ris a’ cheann-uidhe sin.”

(ceannard-sgoile)

Bidh àrd-cheannardan a' com-pàirteachadh fàth-sgeul airson ionnsachaidh a-muigh le luchd-obrach, pàrantan, com-pàirtichean, clann is daoine òga. Tha e aig teismeadhain an lèirsinn san fharsaingeachd agus tha iad a' cur air adhart gu gnìomhach nam buannachdan ann an ionnsachadh a-muigh. Tha seo a' toirt buaidh dheimhinneach air an uiread agus gu bheil a' cur luach agus prìomhachas ann an ionnsachadh a-muigh le feadhainn aig a bheil ùidh. Bidh àrd-cheannardan a' toirt seachad stiùireadh soilleir agus a' cumail taic ri luchd-obrach gus cur gu feum gu h-èifeachdach an àrainneachd a-muigh mar cho-theacs do dh'ionnsachadh is teagasg. Tha ceannardan air ionnsachadh a-muigh a chleachdadh gus cur ri am freagairt ri cuingealachaidhean COVID-19.

Tha modhan-obrach do cheannardas ro-innleachdail is obrachail nam pàirtean cudromach ann a bhith a' fighe a-steach ionnsachadh a-muigh. Bidh àrd-cheannardan a' leantainn modh-obrach a th' air a deagh phlanadh a thaobh ionnsachadh a-muigh a ghabhail a-steach ann an obair an t-suidheachaidh no sgoile.

Bidh iad a' cumail taic ri luchd-obrach gus sàbhailteachd an luchd-ionnsachaidh a dheimhinneachadh agus solar stuthan a phlanadh, a leithid tìde, astar is stuthan fiosaiseach. Tha seo cuideachail ann a bhith a' dheimhinneachadh lìbhrigeadh ionnsachaidh shoirbheachail a-muigh.

Bidh àrd-cheannardan nas trice a' cuideachadh luchd-obrach, pàrantan, clann is daoine òga gus an tuigse a leasachadh nas motha air mar a chleachdar ionnsachadh a-muigh airson taic a chumail ri ionnsachadh is teagasg thar a' churraicealaim. Tro bhith a' brosnachadh na feadhna aig a bheil ùidh a bhith ag aithneachadh nam buannachdan ann an ionnsachadh a-muigh, agus a' tairgse cothroman ceannardais san raon, tha àrd-cheannardan a' togail comais taobh a-staigh an t-suidheachaidh no sgoile.

Tha modhan-obrach daingeann do fhèin-mheasadh riatanach ann a bhith a' cumail taic ri ceannardas is lìbhrigeadh de dh'ionnsachadh a-muigh aig àrd-chàileachd. Tha àrd-cheannardasan a' tionail dàta air ionnsachadh a-muigh bho raon de thùsan. Bidh iad a' sireadh beachdan luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach, phàrantan is chom-pàirtichean, agus bidh iad a' dèanamh beachdan - sgrùdadh ionnsachaidh. Bidh ceannardasan a' measadh an fhiosrachaidh seo gus cuideachadh ann an aithneachadh fianais de bhuidh air coileanaidhean do chloinn is daoine òga agus gus planadh airson leasachadh a bharrachd.

Bun-sgoil Drymen, Comhairle Shruighlea


Bidh an ceannard-sgoile a' toirt seachad ceannardas làidir ann an gach pairt de dh'ionnsachadh a-muigh. Tha luchd-obrach is pàrantan am beachd gu bheil seo na cho-phàirt shusbainteach ann an soirbheachas na sgoile ann an leasachadh modhan-obrach airson ionnsachadh a-muigh a tha a' fàgail buaidh dheimhinneach air coileanaidhean do chloinn.

Rinn luchd-obrach, pàrantan is clann ath-sgrùdadh air lèirsinn is luachan na sgoile. Chomharraich iad miann coitcheann a bhith a' cleachdadh ionnsachadh a-muigh gu h-èifeachdach mar cho-theacs do dh'ionnsachadh is teagasg. Dh'aithnich coimhearsnachd na sgoile cudromachd ionnsachadh mu dheidhinn is tro nàdar agus bha dùil aca piseach a thoirt air a' churraicealam le bhith ga thoirt a-muigh. Mar thoradh air sin, dh'aithnich luchd-obrach agus pàrantan gu bheil ionnsachadh a-muigh na phrìomhachas cudromach do leasachadh na sgoile.

Thathar a' comasachadh pàrantan prìomh phàirt a ghabhail ann a bhith a' cur na h-àrainneachd a-muigh gu feum ann an dòigh èifeachdach. Mar eisimpleir, dh'adhbharaich dùbhlàn cuairt 'Beinn Nibheis' a chuireadh air dòigh leis

a' Chomann Phàrant agus Luchd-teagasg cothroman do choileanadh pearsanta. Ghabh an sgoil air fad pàirt ann an 'Dannsan Drymen', gnìomhachd thlachdmhor a-muigh do bhuidhnean a chùim taic ri ceanglaichean a dhèanamh air feadh na coimhearsnachd. Tha seo air a bhith gu h-àraidh cudromach an dèidh tràthan de dh'ionnsachadh air astar.

Tha modh-obrach ceannardas coimhearsnachd a' comasachadh buidhnean de chloinn uallach a ghabhail airson pàirtean sònraichte de dh'obair na sgoile a thoirt air adhart, a' gabhail a-steach raointean far a bheil fòcas air a' bhàla a-muigh. Bidh gach buidheann a' cur air dòigh plana gnìomh, a' beachdachadh air mar a bheir iad seachad fianais de bhuidhnean leasachaidh agus mar a chom-pàirticheas iad an toradh. Mar eisimpleir, tha uallach air na 'Triùir Cheatharnach' cùram a ghabhail ris an lios-ùbhlàn a chuir a' chlann san raon-sgoile. Le taic an luchd-obrach aig Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, tha a' chlann ag ionnsachadh mar a mheasar fàs nan craobhan is mar a ghabhar cùram riutha.



Tha gnìomhachd fèin-mheasaidh a' leigeil le àrd-cheannardan is luchd-obrach tuigse shoilleir a bhith aca air buaidh ionnsachaidh a-muigh air coileanaidhean na cloinne. Tha seo a' gabhail a-steach cleachdadh tomhasan bun-loidhne ris am bithear a' measadh adhartas. Bidh luchd-obrach gu cunbhalach a' sireadh beachdan na feadhna aig a bheil ùidh agus ag aithneachadh is a' com-pàirteachadh na nithear mar thoradh. Tha dàta càileachdail is uimhireil a' sealltainn gu shoilleir fàs susbainteach ann an solar cothroman ionnsachaidh a-muigh. Tha an ìre de thlachd aig a' chloinn air a dhol am meud gu mòr cuideachd.

2

RANNSA
CHADH
CÙISE

Bun-sgoil Ghart a' Chàirn agus Ionad Tràth Ionnsachaidh is Cùram-Cloinne, Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatann an Iar

Tha fòcas maireann aig a' cheannard-sgoile air ionnsachadh a-muigh a chur an gnìomh de dh'àrd-chàileachd is an geall air dèanamh cinnteach gun tèid Bun-sgoil Ghart a' Chàirn agus Ionad Tràth Ionnsachaidh is Cùram Cloinne na ionad sàr-mhathais san raon seo. Tha an sgioba àrd-cheannardais agus an luchd-obrach gu soirbheachail a' toirt gu buil plana ro-innleachdail fad-ùineach gus an t-amas seo a choileanadh agus mar thoradh bidh a' chlann a' faighinn eòlasan ionnsachaidh èifeachdach anns an àite a-muigh a tha air a leasachadh gu farsaing.

Leasaich an luchd-obrach modh-obrach a nì cinnteach gu bheil cudromachd co-ionann don ionnsachadh uile, a' gabhail a-steach na tha a' tachairt air an taobh a-muigh. Bidh iad a' planadh gnìomhachdan a bheir taic do dh'adhartas na cloinne is a leigeas le clann pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan a-muigh gu làitheil. Tha na modhan-obrach ionnsachaidh a-muigh farsaing is a' toirt eòlasan ionnsachaidh beartach do chloinn. Tha iad seo a' gabhail a-steach cleachdadh taisbeanaidhean, dùbhlain a-muigh, pròiseactan coimhearsnachd agus cluich le stuthan nàdarraich.

Air feadh an t-suidheachaidh tha fòcas air ochd sgilean tar-ruigheach a' gabhail a-steach ceannardas, obair-sgioba agus conaltradh. Bidh an luchd-obrach gu seasmhach a' toirt luaidh air na sgilean seo ann an leasan a-staigh is a-muigh. Bidh iad a' cleachdadh cànan a tha iomchaidh don aois gus tuairisgeul a thoirt air sgilean cloinne, a tha a' cuideachadh clann a bhith a' dèanamh ceanglaichean eadar an eòlasan ionnsachaidh. Mar thoradh, tha tuigse fìor mhath aig clann air na sgilean a tha iad a' leasachadh is a' cur an gnìomh ann an co-theacsan eadar-dhealaichte.

Bidh an luchd-obrach a' cleachdadh frèaman-obrach planaidh adhartach gus ceanglaichean soilleir a dhèanamh eadar ionnsachadh a-muigh agus an Curraicealam airson Sàr-mhathais, agus na eòlasan is builean na lùib. Tha iad a' gabhail a-steach cothroman ionnsachaidh eadar-chuspaireil a-muigh agus a' toirt seachad slatan-tomhais sònraichte gus a' chlann a chuideachadh ann a bhith a' measadh an ionnsachaidh fhèin. Tha am modh-obrach airson ionnsachadh a-muigh a' toirt cothrom don chloinn sgilean a dh'ionnsaich iad a thoirt thairis do shuidheachaidhean san t-saoghal dha-nrìbh agus tha e a' cur ri coileanadh san fharsaingeachd.



Tha càirdeasan co-leithid deimhinneach aig a' chloinn, agus tha seo air a mheudachadh le solar bhuidhnean sòisealta a tha air an stiùireadh leis a' cheannard-sgoile. Bheir an luchd-obrach fa-near do dh'atharrachadh na h-àrainneachd agus gun do chuidich am meudachadh ann an saorsa a-muigh gus càirdeasan làidir a thogail air feadh na sgoile. Tha seo gu h-àraidh cudromach leis a' bhuidhean a' ghalair-sgaoilte air càirdeasan sòisealta agus an aonaranachd a tha mòran den luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn. San fharsaingeachd, bidh an luchd-obrach ag aithris gu bheil giùlan cloinne air a dhol am feabhas mar thoradh air ionnsachadh a-muigh.

Tha an sgioba ceannardais agus an luchd-obrach fhathast a' measadh adhartas agus a' feuchainn ri piseach a bharrachd a thoirt air eòlasan ionnsachadh a-muigh na cloinne.

3

RANNSA CHADH CÙISE

Bun-sgoil Inbhir Aora, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

Tha ro-innleachd shoilleir, air a deagh dhealbhadh aig a' cheannard-sgoile is an luchd-obrach gus ionnsachadh a-muigh a lìbhrigeadh. Dh'aontaich an luchd-obrach is an fheadhainn uile aig an robh ùidh agus dhealbhaich iad fàth-sgeul na sgoile airson ionnsachadh a-muigh. Chuir àrd-cheannardan rannsachadh gu feum airson cuideachadh le fiosrachadh don co-dhùnadh mun ùine a bheirte seachad air ionnsachadh a-muigh. Tha am modh-obrach a leanar sùbailteach is co-fhreagrach ri feumalachdan na cloinne.

Bidh a' chuid as motha den luchd-teagaisg a' dol an sàs ann am pròiseactan rannsachaidh proifeiseanta co-cheangailte ri taobhan de dh'ionnsachadh a-muigh. San fharsaingeachd, tha toraidhean a' sealltainn gu bheil ionnsachadh a-muigh a' fàgail buaidh dheimhinneach air tlachd na cloinne is an deòin a dh'ionnsachadh. Bidh luchd-teagaisg ag aithneachadh eòlasan a-muigh cuideachd mar phàirt de leasachadh na cloinne ann an sgìlean sòisealta agus sunnd. Tha an àireamh lùghdachadh de thar-chur taic agus am fiosrachadh a chaidh a thional tro bheachdan-sùla a' sealltainn



leasachadh ann an ath-leumachd agus fèin-riaghladh faireachail cloinne.

Tha an sgioba àrd-cheannardais a' cleachdadh fèin-luachadh daingeann gus fianais a thoirt seachad air buaidh ionnsachaidh a-muigh air coileanaidhean na cloinne. Tha seo a' gabhail a-steach tional beachdan phàrantan is cloinne. Tha a' chuid as motha de phàrantan ag aontachadh gu bheil piseach a' tighinn air dol-an-sàs, eòlas, agus an dol-a-mach a dh'ionnsaidh na sgoile mar thoradh air a' phrògram a-muigh.

“Nar sgioba luchd-obrach tha sinn gu math dealasach mu dh'ionnsachadh a-muigh. Tha e riatanach an taic a bhith againn airson ionnsachadh a-muigh a phlanadh gus am bi misneachd agus deòin aig an luchd-obrach na cothroman seo a chur air dòigh... aig deireadh ghnòthaichean thathar a' comasachadh seo le bhith a' toirt cothroman don luchd-obrach a bhith nan ceannardan buidhne leis an toil agus cruthachalachd a bhith a' toirt gu buil eòlasan deimhinneach is susbainteach don luchd-ionnsachaidh againn.” (ceannard-sgoile)

2. A' cumail taic ri libhrigeadh a' churraicealaim

Tha e a' sìor fhàs bitheanta gum bi àrainneachdan a-muigh gan cur gu feum airson an curraicealam a libhrigeadh. Tha buaidh aig barailean, beachdan is ùidh an luchd-ionnsachaidh air mar a bhios an luchd-obrach a' planadh chothroman do dh'ionnsachadh a-muigh cloinne is dhaoine òga.

agus teisteanasan òigridh creideasachta. Tha luchd-teagaisg ann an roinnean eadar-dhealaichte a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh gu h-èifeachdach airson an curraicealam a libhrigeadh.

Tha seo a' gabhail a-steach leasachadh sgilean dealbh-thogail, cinntinn is buain bìdh agus a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh mar bhrosnachadh a bhith a' doimhneachadh an tuigse de phrìomh chuspairean thèaman ann an nobhailean.

San fharsaingeachd, càirdeasan deimhinneach, misneachd Tha àireamh de shuidheachaidhean is sgoiltean air leantainn orra a' togail air cleachdadh na h-àrainneachd a-muigh bho chionn Mhàrt 2020. Tha iad air cur am meud cleachdadh den bhlàir a-muigh gus taic a chumail ri libhrigeadh a' churraicealaim. Air feadh shuidheachaidhean is sgoiltean, tha an luchd-obrach ag aithris gun còrd e ri clann a bhith ag ionnsachadh a-muigh is cothroman a bharrachd a bhith aca a thaobh pearsanachaidh is taghaidh. Buinidh co-theacsan ionnsachaidh gu domhain ri

ùidhean cloinne is dhaoine òga agus tha iad a' leigeil leotha ceanglaichean brìghmhor a dhèanamh ris an coimhearsnachd fhèin is nas fhaide air falbh.

Tha ceannardan is luchd-obrach ag aithneachadh nan iomadh buannachd an lùib ann an cur eòlasan ionnsachadh a-muigh air dòigh a tha fighte a-steach ann an agus a' cur ri gach pàirt den churraicealam. Am measg eisimpleirean dheth seo tha cleachdadh àrainneachdan a-muigh gus modhan-obrach cruthachail a bhrosnachadh a thaobh litearrachd, agus rannsachaidhean mar phàirt de shaidheans is teicneòlas.

Tha suidheachaidhean tràth ionnsachaidh is cùram cloinne a' solarachadh raon farsaing de dh'eòlasan inntinneach is togarrach a-muigh gus taic a chumail ri is meudachadh ionnsachadh cloinne tron churraicealam air fad. Tha seo a' gabhail a-steach

cleachdadh nithean làitheil is adhbharan nàdarrach gus cruthachalachd, ceasnachadh agus iongantais na cloinne a leasachadh.

Ann am bun-sgoiltean, tha planadh curraicealaim a' gabhail a-steach beachdachadh air ionnsachadh tro cheithir co-theacsan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais (CfE). Tha an luchd-obrach ag aithneachadh gum bi ionnsachadh a-muigh a' fàigse iomadh chothrom do luchd-ionnsachaidh gus an tuigse a dhoimhneachadh is a chur an co-theacs am broinn pàirtean den churraicealam. Bidh an luchd-obrach a' cur eòlasan air an deagh phlanadh air dòigh a' gabhail a-steach tadhalan don choille is don tràigh, cuairtean sa choimhearsnachd agus spòrs uisge. Tha an eug-samhlachd de chothroman a' leigeil le clann raon farsaing de sgilean a leasachadh a bharrachd air eòlas, a tha a' cumail taic ri coileanadh air feadh a' churraicealaim.

Tha e a' sìor fhàs nas bitheanta ann an àrd-sgoiltean gu bheil dealas soilleir ann do bhith a' cleachdadh àrainneachdan a-muigh gus cur ri ionnsachadh is sunnd, agus leasachadh sgilean ionnsachaidh, beatha is obrach.

Cha mhòr nach eil gach àrd-sgoil a' leantainn orra a' toirt cothroman do dhaoine òga sgilean fhaighinn agus coileanadh tro togail agus ath-leumachd air an sònrachadh mar phrìomh thoraidhean deimhinneach do shlàinte is sunnd chloinne is dhaoine òga tro dhol an sàs ann an ionnsachadh a-muigh.

“Tha obraichean matha air a' bhlàir a-muigh sa bhaile, ann an coilltearachd is tuathanachas, ach cuideachd ann an gnìomhachdan a tha a' tàladh luchd-turais.”

(neach-ionnsachaidh)



1

RANNSA CHADH CÙISE

Àrd-sgoil Beeslack, Comhairle Lodainn Mheadhanaich

Bidh an luchd-obrach a' cleachdadh ionnsachadh a-muigh gu h-èifeachdach gus taic a chumail ri libhrigeadh a' churraicealaim. Tha iad ag aithneachadh gu bheil iomadh buannachd ann a bhith a' cleachdadh a' mhodh-obrach seo gus eòlasan dhaoine òga a chur am feabhas agus togail air ionnsachadh is adhartas dhaoine òga. Bidh an luchd-obrach a' bruidhinn ris an luchd-ionnsachaidh gu tric mu na buannachdan a tha an lùib gnìomhachdan a-muigh sa bheil iad a' gabhail pàirt is na sgilean a tha iad a' leasachadh mar thoradh. Tha daoine òga a' bruidhinn gu soilleir mu na buannachdan is a' tuigsinn mar a tha iad seo a' buntainn ri saoghal na h-obrach. Tha seo a' gabhail a-steach sgilean fuasgladh-cheistean nas fhèarr agus an comas co-rèiteachadh le feadhainn eile ann an sgioba.

Tha fòcas gu math làidir air cothromachd gus an dèanar cinnteach nach cail neach-ionnsachaidh sam bith a-mach. Tha seo a' gabhail a-steach tasgadh nach beag thar ùine ann an uidheamachd speisealach don taobh a-muigh leithid rothairean-beinne, bòtannan is seacaidean. Cha mhòr nach eil gach roinn a' planadh cleachdadh ionnsachadh a-muigh gus beartas

a thoirt air eòlasan an luchd-ionnsachaidh. Tha seo a' gabhail a-steach gnìomhachdan pragtaigeach gus sgilean a leasachadh ann an tomhas, obair chombaist is cùrsa-ceàrna, tional is làimhseachadh dàta mu mheanbh-bheathaichean ann an saidheans agus ann am foghlam creideimh is moraltachd, a' dol a-mach a dh'èisteachd ri fuaimean is dian-mheòrachadh sìmplidh fheuchainn.

San t-solar mheudaichte ùr, 's ann a tha ionnsachadh a-muigh na phàirt den churraicealam agus e ceanglaichte ri planaichean ionnsachadh pearsanta fa leth an luchd-ionnsachaidh. Gus planadh airson eòlasan ionnsachaidh adhartach, bidh an luchd-teagaisg a' toirt fa-near do dh'eòlasan a bha aig daoine òga roimhe dh'ionnsachadh a-muigh. A bharrachd air modhan-obrach co-choitcheann, bidh an luchd-teagaisg a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh gus modhan-obrach sònraichte a chur am feabhas do dhaoine òga a tha feumach air taic a bharrachd leis an cuid ionnsachaidh. Bidh daoine òga a bhios a' cur a' cho-ionaid gu feum sa mhòr-chuid a' faighinn iomadh seòrsa buannachd às. Mar eisimpleir, bidh daoine òga a' cur ri an comas corporra, a' leasachadh sgilean eagrachaidh agus a' fàs nas èifeachdaich mar luchd-èisteachd.



“Tha e (ionnsachadh a-muigh) a' toirt cothroman do dhaoine òga a bhith soirbheachail agus a dh'fhaicinn nas urrainn dhaibh coileanadh.”

(prìomh-thidsear)

2

RANNSA CHADH CÙISE

Bun-sgoil Rashielea, Comhairle Siorrachd Rinn Friù

Mar thoradh air COVID-19, agus a' cumail sùil air sàbhailteachd, dhealbhaich an sgoil gnìomhan ath-shlànachaidh le buidhnean de chloinn ag ionnsachadh a-muigh buidheann mu seach. Rè ùine, tha an luchd-obrach air grèim fhaighinn air raon de dh'fhiosrachadh nàiseanta is ionadail air ionnsachadh a-muigh. Tha seo air cur ri an cuid eòlais is air misneachd a thoirt dhaibh gnìomhachdan togarrach is dùbhlanaich a-muigh a chur air dòigh a chùim taic ri libhrigeadh a' churraicealaim. Bidh a' chlann uile a' gabhail pàirt ann an co-dhiù dà sheisean ionnsachaidh a-muigh eadar-dhealaichte gach latha, ge b' oil leis an aismir.

“Tha an ceannard-sgoile a' dèanamh fìor oidhirp fa-near a thoirt do bheàrn bochdainn sam bith. Cuidichidh i le bhith a' solarachadh a h-uile rud a tha a dhìth air a' chloinn airson ionnsachadh a-muigh.” (pàrant)

Tha ionnsachadh sùbailteach agus fa-near a thoirt do na thathar air planadh a bharrachd air freagairt ri ùidhean na cloinne. Bidh an luchd-obrach a' planadh gnìomhachdan a' cleachdadh tèaman a ghearras tarsainn air gnothaichean, mar so-sheasmhachd, agus taic a chumail ri clann

a' faicinn cho buntainneach 's a tha ionnsachadh don àrainn ionadail is thairis air.

“Tha am blàr a-muigh air na tha sin de shaorsa a thoirt dhuinn. Chaidh againn air ath-cheangal ann an da-rìribh le càch a chèile mar choimhearsnachd sgoile.”

(ceannard-sgoile)

Tha an galar-sgaoilte air cur ri luathas leasachaidhean planaichte ann an ionnsachadh a-muigh. Tha a' chlann uile a' gabhail pàirt ann an raon a tha a' sìor fhàs nas motha de ghnìomhachdan ionnsachaidh a-muigh a tha adhartach is cruthachail. Aig na h-ìrean as tràithe bidh a' chlann ag ionnsachadh gu soirbheachail tro chluich agus aig na h-ìrean as àirde bidh a' chlann ag obair a dh'ionnsaigh Duais Iain Muir a choileanadh gu soirbheachail.

Bidh a' chlann ag aithris sgeulachd chumhachach mu na buannachdan inninneil, innleachdach is corporra an lùib ionnsachadh a-muigh don sunnd. Tha iad a' tuigsinn gum faod ionnsachadh anns gach pàirt den churraicealam àite a ghabhail a-muigh. Bidh guthan, gnìomhan is faireachaidhean cloinne uile a' sealltainn gu bheil spèis mhòr aca air ionnsachadh.



“Tha mi a' faireachdainn na h-oiteig nam bheul agus fàileadh nàdair nam shròin nuair a thig mi a-steach.”

(neach-ionnsachaidh)

3. Eòlasan na cloinne agus nan òganach

Tha ionnsachadh air agus mun bhlàr a-muigh a' dol na fheart nas treasa is nas bitheanta ann an eòlas ionnsachadh cloinne is dhaoine òga.

Chuir COVID-19 iomadh dùbhlàn mu choinneimh shuidheachaidhean is sgoiltean is bithear ag ath-shlànachadh fad ùine mhòir. Bidh ceannardan is an luchd-obrach a' freagairt gu h-ealanta gus a' bhuaidh a lùghdachadh bho na dùbhlain seo air clann is daoine òga. Nì iad freagarrach ionnsachadh agus teagasg gus dèanamh cinnteach gum bi gnìomhachdan cruthachail, togarrach is dùbhlànach a-muigh a' cumail taic ri clann is daoine òga gus leantainn orra ag ionnsachadh is a' dèanamh adhartas.



San fharsaingeachd, tha suidheachaidhean is sgoiltean air chur gu mòr ris an raon de ghnìomhachdan a-muigh a bheirear seachad do chloinn is daoine òga. Tha iad seo a' gabhail a-steach fìde a bharrachd ga cur seachad ag ionnsachadh sa choimhearsnachd faisg orra fhèin agus nas fhaide air falbh. Bidh an luchd-obrach, pàrantan, com-pàirtichean agus luchd-ionnsachaidh a' com-pàirteachadh nan iomadh buannachd a gheibhear bho chothroman a bharrachd a fhaighinn airson ionnsachadh a-muigh. Tha iad seo a' gabhail a-steach barrachd misneachd, neo-eisimeileachd agus tuigse air nàdar, so-sheasmhachd agus bith-iomadachd.

Bidh ceannardan is luchd-obrach a' sealltainn gealltanais làidir is dealas do ghnìomhachdan ionnsachaidh ion-ghabhalach a-muigh don chloinn is daoine òga uile. Tha àireamh de sgoiltean air grèim fhaighinn air maoineachadh a bharrachd airson stuthan gus dèanamh cinnteach gun tèid aig gach neach-ionnsachaidh air pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh a-muigh. Bidh an luchd-obrach gu tric a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh gus taic a chumail ri clann a tha gam bacadh

Bho ionnsachadh, ag aithneachadh gu bheil ionnsachadh a-muigh a' toirt seachad cothroman nas fheàrr airson coileanadh is soirbheachas. Bidh an luchd-obrach a' com-pàirteachadh agus a' nochdadh nam buannachdan a tha ann an ionnsachadh a-muigh agus a' bhuaidh dheimhinneach a tha aige air leasachadh sgilean cloinne is dhaoine òga. Tha seo a' gabhail a-steach càirdeasan co-leithidean deimhinneach a chur air dòigh, comas bruidhinn mu dheidhinn ionnsachadh agus tuigsinn is aotromachadh riosgan ann an caochladh shuidheachaidhean.

Gheibh clann is daoine òga buannachd mhòr bho bhith ag ionnsachadh sgilean ùra is gan cleachdadh ann an co-theacsan brioghmhor, dùbhlànach a-muigh. Thathar gam brosnachadh ionnsachadh tro phàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan tlachdmhor de dh'àrd-chàileachd. Thèid aig an luchd-ionnsachaidh air bruidhinn mu na tha iad ag ionnsachadh, mun soirbheas agus mun adhartas a tha iad a' dèanamh.

“Tha foghlam a-muigh riatanach do dhaoine òga aig a bheil duilgheadasan le fèin-riaghladh. Tha e a' toirt dhaibh dòigh shàbhailteach a dhol an sàs ann an ionnsachadh fiù 's ma tha iad a' diùltadh ionnsachadh fheuchainn sa chlas. Tha an iomagain a' dol an lughad tro bhith a-muigh ach tha e a' toirt dùbhlàn dhaibh cuideachd, a tha a rèir choltais tlachdmhor dhaibh. Ma tha e tlachdmhor, faodaidh e do chuideachadh càirdeas deimhinneach a thogail agus tha sin aig bun-stèidh ionnsachaidh is teagasg.”

(prìomh-thidsear)

1

RANNSA CHADH CÙISE

Sgoil-àraich a-muigh FossoPLAY, Comhairle Pheairt is Cheann Rois

Ann an Sgoil-àraich a-muigh FossoPLAY, bidh an luchd-obrach a' dol an sàs gu math ann an rannsachadh agus tha iad a' creidsinn gu làidir ann an cudromachd chàirdeasan deimhinneach, àrach, buntainneas domhain ri nàdar agus na buannachdan a th' ann a bhith a-muigh.

Tha cluich gun cheangal, stiùirichte le clann aig teis-meadhan modh-obrach ionnsachaidh FossoPLAY.

Cha bhi an luchd-obrach a' cur crìochan air ionnsachadh na cloinne. Bidh iad gan comasachadh a bhith cruthachail, àrd-amasach, mac-meanmnach agus feòrachail. Thathara a' brosnachadh na cloinne am beachdan is ùidhean a chom-pàirteachadh gus stiùir a thoirt do leasachadh ghnìomhachdan, mar eisimpleir mar a chuireadh àite-pàircidh bharachan-cuibhle air bhonn. Thàinig seo an àirde nuair nach b' urrainn don chloinn na barachan-cuibhle a lorg nuair a bha iad air am fàgail sgaoilte a-mach air feadh na coille. San àite-pàircidh tha puist àireamhaichte agus tha gach bara-cuibhle àireamhaichte gus taic a chumail ri leasachadh sgìlean àireamhach na cloinne.

Bidh an luchd-obrach a' cumail taic ri clann gu math a chumail orra agus soirbheachadh

leotha, agus iad ag ionnsachadh rudeigin ùr le gach oidhirp. Bidh iad a' cleachdadh dà phrìomh cheist, "A bheil e sàbhailte?" agus "A bheil e coibhneil?" Tha na prìomh cheistean seo a' cuideachadh na cloinne a bhith a' breithneachadh gu fiosraichte agus a bhith a' leasachadh sgìlean fèin-riaghlaidh. Bidh a' chlann ag ionnsachadh riosg a stiùireadh gu h-èifeachdach, bhon aois as tràithe. Tha iad misneachail gu corporra agus bidh iad a' sealltainn co-chothrom, ath-leumachd agus an comas a bhith a' breithneachadh shuidheachaidhean cluiche a-muigh gu ciallach.

Gheibh clann buannachd à tràthan sìnichte a chur seachad a-muigh. Tha ùidh mhòr aca sa chluich aca agus bidh iad a' stiùireadh an ionnsachaidh fhèin a dh'aona-ghnothach. Tha a' chlann a' tighinn gu deagh thuigse air a' chudromachd de dh'àileadh ghlan is eacarsaich. Bidh iad a' bruidhinn mu cho cudromach 's a tha e fois a ghabhail is cadal airson leigeil lem bodhaigean ath-shlànachadh is fàs. Leis gu bheil a' chlann a' cur seachad a' chuid as motha den tìde aca a-muigh, tha mothachadh math aca air cho cudromach 's a tha slàinteachas làmhan agus tha iad a' tuigsinn carson a tha aodach blàth, dìonach cudromach.



“Tha e iongantach a’ coimhead air a’ chloinn agus iad a’ fàs nas misneachail is ath-leumaich air a’ bhlàr a-muigh. Feumar leigeil leotha fàiligidh. Bheir sinn taic riutha cumail orra a’ feuchainn agus an uair sin 's ann a bhios sinn a’ comharrachadh nuair a thèid leotha is nuair a choileanas iad.”

(preantas nuadh)

2

RANNSA CHADH CÙISE

Sgoil Dhalbroig, Comhairle nan Eilean Siar

Tha prògram ionnsachaidh a-muigh gu math leasaichte aig an luchd-obrach ann an Sgoil Dhalbroig, a tha a' tairgse raon de ghnìomhachdan dùbhlanaich is inntinneach. Tha seo a' gabhail a-steach a' cleachdadh an locha ri taobh na sgoile gus gnìomhachdan a lìbhrigeadh air an uisge, mar caidheagadh, seòladh is snàmh a-muigh. Bidh luchd-obrach le teisteanasan iomchaidh a' lìbhrigeadh nan leasan seo. Ann an àrainn na sgoile tha àite fìadhaich, slighe rothairean-beinne, frìth-rathad ruith a' bhlàir, gàrradh le geadan air àrdachadh agus crò-chearc. Tha suidheachaidhean eachdraidheil, cruinne-eòlach is àrainneachdail air feadh Uibhist a Deas a' cur barrachd ri cothroman an luchd-teagaisg planadh airson gun leudaich a' chlann an eòlas agus gun leasaich iad raon de sgilean.

Bidh an luchd-obrach a' cleachdadh an raoin fharsaing de shuidheachaidhean a tha rim faighinn a-muigh gus piseach a thoirt air gnìomhachdan na cloinne gach latha. Tha àrainn na sgoile na co-theacs togarrach don chloinn airson an cruthachalachd agus an sgilean sgrùdaidh, rannsachaidh is gluasaid pragtaigeach a chur an gnìomh. Mar eisimpleir, bidh iad a' cleachdadh an 't-seann bàta san àite fìadhaich' mar



chulaidh-bhrosnachaidh gus sgeulachdan a chruthachadh mu bheatha aig muir. Tha a' chlann as sine a' dealbhadh is a' togail drochaid fhiodha tarsainn air eabar san àite fìadhaich.

Tha a' chlann a' fàs gu math fiosraichte mu eachdraidh an coimhearsnachd ionadail. Thèid aca air an eòlas de chùisean àrainneachdail a chur gu feum gus tuigsinn mar a tha atharrachadh na gràth-shìde a' bagradh Uibhist a Deas. Tha a' chlann as sine a' tighinn gu tuigse air cunntachalachd agus sgilean ceannardais nuair a chuidicheas iad buidhnean de chloinn nas òige air a' bhlàr a-muigh.

Mar thoradh dìreach air eug-samhlachd is buntainneachd nan gnìomhachdan a-muigh, tha barrachd ùidh aig a' chloinn nan cuid ionnsachaidh. Tha iad nas misneachail is tha iad comasach air bruidhinn mun bhuidheachd a-muigh air an adhartas.

“Tha prògram ionnsachadh a-muigh na sgoile air cur gu mòr ri tlachd ionnsachadh na cloinne.”

(pàrant)

4. Sunnd

Tha an luchd-obrach a' cleachdadh ionnsachadh a-muigh gu h-èifeachdach gus taic a chumail ri sunnd cloinne is dhaoine òga.



“Tha thu a’ mothachadh gum bi a bhith a-muigh san t-àileadh ghlan a’ fàgail d’ inntinn soilleir is thèid agad air smaoineachadh nas fheàrr.”

(sgoilear)

Tha cleachdadh meudaichte na h-àrainneachd a-muigh mar cho-theacs do dh'ionnsachadh a' cuideachadh shuidheachaidhean is sgoiltean maothachaidhean COVID-19 a chur an gnìomh. Bidh àrd-cheannardan a' dèanamh cinnteach gu bheil modh-obrach soilleir is ro-innleachdach ann a thaobh cleachdadh ionnsachadh a-muigh gus taic a chumail ri sunnd corporra is faireachail na cloinne is daoine òga gu h-èifeachdach.

Tha a' chlann is na daoine òga ag aithneachadh na buaidh deimhinneach a tha a bhith a-muigh a' fàgail air an sunnd is air am modh-obrach a thaobh ionnsachadh. Tha iad a' sìor fhàs comasach air cnuasachadh air an raon de sgilean a tha iad a' leasachadh thar ceithir comasan a' CfE. Bidh an luchd-obrach a' cur na h-àrainneachd a-muigh gu feum airson an luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh càirdeasan deimhinneach a dhèanamh agus piseach a thoirt air fèin-mhothachadh is tuigsinn càich.

“.....tha buidhnean àraich air astar is tìde a thoirt don chloinn cuimseachadh air sunnd tron fhòcas chom-pàirtichte agus iad a' cruthachadh a' ghàrraidh. Tha seilbheadaireachd is moit aca”

(neach-cuideachaidh taic sgoilearan)

Bidh an luchd-obrach a' cleachdadh ionnsachadh a-muigh gu h-èifeachdach gus taic a chumail ri clann aig a bheil dùbhlain agus gus cothroman nas fheàrr a thoirt seachad airson coileanadh is soirbheachas. Bidh an luchd-obrach a' beachdachadh gu faiceallach air leasachadh sunnd faireachail tro ghnìomhachdan a-muigh is nì iad feum math às an t-sunnd

taisbeanairan gus taic a chumail rin obair. Tha seo a' cuideachadh an luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach na feadhna aig a bheil duilgheadasan faireachail is sòisealta, ann a bhith a' togail misneachd, a' cumail càirdeasan a' dol agus a' fàs nas ath-leumaich. Le cothroman ionnsachadh a-muigh ann an raon de cho-theacsan air feadh a' churraicealaim tha buaidh dheimhinneach air sunnd corporra cloinne is dhaoine òga.

“Tha eadar-ghluasad am-bliadhna bhon sgoil-àraich gu P1 nas fheàrr na riamh roimhe agus sin air sgàth ionnsachadh a-muigh.”

(neach-cleachdaidh)

1

RANNSA CHADH CÙISE

Bun-sgoil agus Ionad Thràth-bhliadhnaichean Tharbolton, Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Tha lèirsinn aig a' cheannard-sgoile aig Bun-sgoil agus Ionad Thràth-bhliadhnaichean Tharbolton gum bi a' chuid as motha den ionnsachadh san sgoil a' gabhail àite a-muigh. Tha clann, luchd-obrach agus na pàrantan air an aon ràmh le seo agus iad a' tuigsinn agus a' cur air adhart nam buannachdan an lùib ionnsachadh a-muigh. Tha an ceannard-sgoil is an luchd-obrach an geall air a bhith a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh gus clann a thoirt air adhart agus gus freagairt air an làn raon de dh'fheumalachdan sunnd aca.

Cuiridh an luchd-obrach uallach cudromach air leasachadh misneachd is fèin-luach na cloinne. Bidh iad a' cur àrainneachd air dòigh anns am bithear a' comasachadh na cloinne riosg a stiùireadh gu neo-eisimeileach is far a bheilear gam brosnachadh an ùidhean fhèin a rannsachadh.

Tha a' chlann a' fàs measail is tuigseach air a bhith a-muigh. Tha iad a' nochdadh ath-leumachd agus sgilean dèiligeadh ri duilgheadasan.

Tha buannachdan ann an ionnsachadh a-muigh do leasachadh corporra is sunnd na cloinne. Mar eisimpleir, tha iad a' nochdadh smior, clisteachd,

co-chothrom agus co-òrdanachadh agus iad a' lorg slighe tro chruthan-tìre eadar-dhealaichte is dùbhlanaich. Tha ionnsachadh a-muigh air a bhith na bhrosnachadh èifeachdach gus ùidh a thogail ann an clann a tha feumach air taic len ionnsachadh is gus piseach a thoirt air an sunnd.

Mar thoradh air dol an sàs ann an gnìomhachdan togarrach is dùbhlanaich a-muigh, tha clann aig ìre thràth fada nas neo-eisimeilich is ath-leumaich nan ionnsachadh. Tha an luchd-obrach is pàrantan ag aithris gu bheil co-dhàimh ann eadar ionnsachadh a-muigh agus barrachd ùidh a bhith aig clann agus brosnachadh a bharrachd a bhith aca is iad ag ionnsachadh. Tha iad a' toirt fa-near cuideachd gum bi giùlan an dà chuid sa chlas agus a-muigh a' fàs fada nas fheàrr mar a thathar a' fighe a-steach ionnsachadh a-muigh tron sgoil air fad.

Tha am modh-obrach a' cumail taic ri leasachadh càirdeasan deimhinneach. Gu h-àraidh tron ghalar-sgaoilte tha seo air a bhith na dhòigh na bu shàbhailte don chloinn ionnsachadh còmhla agus sgilean sòisealta a leasachadh.



2

RANNSA CHADH CÙISE

Sgoil Woodlands, Comhairle Baile Dhùn Èideann

Tha am modh-obrach stèidhte air sgilean airson ionnsachadh a-muigh aig Sgoil Woodlands a' cumail làn thaic ri sunnd dhaoine òga. Bidh an luchd-obrach a' libhrigeadh a' churraicealaim ann an dòighean cruthachail is inntinneach, a' toirt seachad raon deagh-dhealbhte de ghniomhachdan ionnsachaidh a-muigh sa choimhearsnachd ionadail agus nas fhaide air falbh.

Tha na gnìomhachdan a' toirt a-steach sgilean beatha is dreuchdail, mothachadh àrainneachd, spòrs, dèanadas corporra agus cothroman sunnd. Tha an sgoil a' toirt seachad eòlasan ionnsachaidh a-muigh luachmhor anns cha mhòr gach pàirt den churraicealam. Tha na daoine òga a' measadh nan sgilean a thathar a' leasachadh brìghmhor agus iad ag ullachadh airson beatha an dèidh na sgoile.

Bidh an luchd-obrach a' dèanamh ceanglaichean làidir is brìghmhor eadar ionnsachadh a-muigh agus na sgilean a tha a dhìth airson piseach a thoirt air sunnd, beatha agus so-fhastachd. Mar eisimpleir, thèid aig cuid de na daoine òga air dol gu geamannan ball-coise aig deireadh na seachdain a-nis gun taic bhon luchd-obrach, mar thoradh air sgilean a leasaicheadh tro ghniomhachdan a-muigh. Tha iad a' nochdadh barrachd misneachd ann an gnìomhachdan spòrs dùbhlanaich a ruigsinn agus



tha iad a' co-obrachadh le daoine òga is inbhich air nach eil iad cho eòlach. Tha seo a' toirt piseach air an ath-leumachd is neo-eisimeileachd a bharrachd air na buannachdan slàinte de dhèanadas corporra a chur air adhart.

Bidh daoine òga a' leasachadh sgilean sgithidh speisealaichte air an leathad-sgithidh tioram agus an ionad sneachda fìor a-staigh ionadail. Bidh iad a' togail sgilean sunnd cudromach is luachmhor a' gabhail a-steach ath-leumachd, misneachd agus neo-eisimeileachd mus tèid iad air cuairt chòmhnaidh bhliadhnail gu an dàrna cuid àite-turasachd sgithidh Albannach no eadar-nàiseanta. Ri mholadh, bidh an sgoil a' tairgse a' phrògram sgithidh cuideachd do dhaoine òga a tha air eadar-ghluasad bhon sgoil gu na h-ath ìrean de bheatha inbheach.

Bidh na daoine òga a' gabhail pàirt ann an Duais Diùc Dhùn Èideann agus Duais Iain Muir. Bidh iad ag ionnsachadh mar



a phlanar triallan is mar a ghabhar pàirt ann an gnìomhachdan leithid cuairtean coiseachd (haidhceadh), tìr-stiùireadh, planadh bìdh, ullachadh campa, còcaireachd air a' bhlàr a-muigh agus campadh na h-oidhche. Bidh na daoine òga a' cur luach anns na sgilean a leasaicheas iad tro bhith a' gabhail pàirt sna duaisean seo. Tha iad ag aithneachadh gum bi na gnìomhachdan seo a' toirt piseach air an neart corporra, misneachd agus sunnd.

“San sgoil seo bidh sinn a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh ann an uiread de dhòighean gus ionnsachadh a chur air adhart. Tha seo a' meudachadh mothachadh an neach-ionnsachaidh air cho cruthachail 's a dh'fhaodar a bhith. Bidh an luchd-tadhail a' faicinn an luchd-ionnsachaidh is iad a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh mar shealladh inngineach airson taisbeanaidhean a-muigh, airson taic a chumail ri feumalachdan mothachail is conaltraidh, airson biadh a chinntinn don chidsin, tìr-stiùireadh, cuairtean sunnd, gnìomhan spòrs agus dibhearsain a mhealtainn tro chluich.”

(neach-teagaisg)

5. Com-pàirteachasan

Tha com-pàirtichean an sàs gu h-èifeachdach ann am planadh, libhrigeadh agus measadh ionnsachaidh a-muigh.

Tha sgoiltean, suidheachaidhean ELC is seirbheisean CLD ag obair gu math le com-pàirtichean gus ionnsachadh a-muigh a libhrigeadh nas bitheanta. Bidh com-pàirteachasan le institiuidean, buidhnean is gnothachasan eile a' leudachadh agus a' doimhneachadh ionnsachadh a-muigh cloinne is dhaoine òga agus gan comasachadh soirbheachas a choileanadh ann an co-theacsan nas fharsaing.

Bidh an luchd-obrach a' cur cothroman gu feum nas bitheanta a' choimhearsnachd a thoirt a-steach don obair, a' toirt seachad modhan-ionnsachaidh brìoghmhor a-muigh. Bidh clann is daoine òga a' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan stèidhte sa choimhearsnachd mar ghàimealairachd, cinntinn bìdh agus toirt biadh do bhancaichean-bìdh ionadail agus am misneachd is cruathachalachd a thoirt air adhart. Tha seo gan cuideachadh a' freagairt air feumalachdan dhaoine fa leth is bhuidhnean agus tha e a' deisealachadh clann is daoine òga airson nan dreuchdan a tha romhpa anns an t-sòisealtas. Bidh an luchd-obrach a' feuchainn gu gnìomhach ri pròiseactan coimhearsnachd a cheangal ri prògraman barantachaidh is teisteanais. Ann an cuid de sgoiltean, tha raon farsaing de phrògraman mar Dynamic Youth, H5 agus Duais Iain Muir a' toirt cothroman do dhaoine òga aithne fhaighinn air an coileanaidhean. Rè a' ghalair-sgoilte

dh'atharraich com-pàirtichean ann an aon de na h-ùghdarrasan ionadail an triall a tha na phàirt de Dhuais Diùc Dhùn Èideann gus dèanamh cinnteach gum faigheadh na daoine òga an duaisean fhad 's a bha iad a' faighinn eòlas deimhinneach a-muigh

Bidh an luchd-obrach ag obair gu fìor chom-pàirteachail le caochladh chom-pàirtichean gus gnìomhachdan foghlaim brìoghmhor is ion-ghabhalach a-muigh a thoirt do chlann is daoine òga. Bidh an luchd-obrach ag obair gu fìor chom-pàirteachail le caochladh chom-pàirtichean gus gnìomhachdan foghlaim brìoghmhor is ion-ghabhalach a-muigh a thoirt seachad. Bidh clann is daoine òga a' gabhail pàirt gnìomhach ann an iomairtean a tha air an stiùireadh le com-pàirtichean mar cluich a-muigh agus glèidhteachas. Bidh luchd-obrach na sgoile agus buidhnean com-pàirteach ag ionnsachadh bho chàch a chèile agus a' cur luach anns na tha càch a' cur ris.

Ann an cuid de shuidheachaidhean is sgoiltean, tha an luchd-obrach agus com-pàirtichean eile mar luchd-obrach òigridh agus Co-òrdanaichean Sgoiltean Gnìomhach a' measadh a' bhuidhnean a tha aig na tha iad a' cur ri ionnsachadh a-muigh. Mar thoradh air seo, thèid aca air an cleachdadh a lìomhadh agus dùil aca eòlasan ionnsachaidh a leasachadh don chloinn is daoine òga uile. Ann an cuid de shuidheachaidhean is sgoiltean, tha com-pàirtichean ag obair



“Bha barrachd saorsa is sùbailteachd aig daoine òga san ionnsachadh a-muigh.”

(Co-òrdanaiche Sgoiltean Gnìomhach)

còmhla ri àrd-cheannardan agus cosgaisean a mhaothachadh a tha ceangailte ri ionnsachadh a-muigh, leithid cuairtean còmhnaidh. Bheir na suidheachaidhean is sgoiltean seo maoinachadh seachad gus taic a chumail ri teaghlachan sònraichte a tha feum aca air taic ri linn dhùbhlana eaconomach, agus tha iad gan cleachdadh seo gu h-èifeachdach is gu cèillidh airson dèanamh cinnteach gun tèid aig an luchd-ionnsachaidh air pàirt a ghabhail ann. Air sgàth cuingealachaidhean COVID-19 a tha fhathast a' dol, cha b' urrainn do dh'iomadh pàiste am P7 pàirt a ghabhail ann an campaichean sgoil na h-oidhche air a' bhàr a-muigh. Gus seo a rèiteachadh, tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail ag obair le com-pàirtichean gus tachartasan fad-latha a libhrigeadh le raon farsaing de ghnìomhachdan dùbhlana mar chaidheagadh, coiseachd chnoc agus aibseileadh.

Àrd-sgoil an Òbain, Comhairle Earra- Ghàidheal is Bhòid

Tha ionnsachadh a-muigh na phàirt aig teis-meadhan ath-shlànachadh COVID-19 do dh'Àrd-sgoil an Òbain. Tha fàth-sgeul soilleir com-pàirtichte ann airson ionnsachadh a-muigh a tha na pàrantan a' tuigse gu math agus iad air pàirt a ghabhail ann a bhith a' dealbhadh seo. Tha am fàth-sgeul a' sealltainn nam buannachdan a thaobh eòlas is tuigse leudaichte den t-saoghal nàdarach, leasachadh sgilean agus na buannachdan nas fharsaing a bhuineas do shunnd.

Tha pàirt shusbainteach aig com-pàirtichean ann a bhith a' cuideachadh le libhrigeadh ionnsachaidh a-muigh anns gach taobh den churraicealam. Bidh buidhnean coimhearsnachd ionadail, buidhnean treas roinne, buidhnean na roinn poblach is gnothachais uile a' libhrigeadh pàirtean de dh'ionnsachadh a-muigh a chuireas ri eòlas an luchd-ionnsachaidh. Mar thoradh, tha tuigse chom-pàirtichte aig na com-pàirtichean anns na tha iad a' feuchainn ri coileanadh do dhaoine

“Thathar a' cleachdadh ionnsachadh a-muigh mar fhreagairt chruthachail airson piseach a thoirt air ùidh an luchd-ionnsachaidh.”

(ceannard-sgoile)

òga. Nì iad diofar mòr a thaobh so-dhèantachd gnìomhachdan ionnsachaidh a-muigh.

Ann an iomadh suidheachadh, bidh luchd-obrach Àrd-sgoil an Òbain agus com-pàirtichean a' planadh, ag ullachadh agus a' libhrigeadh gnìomhachdan ionnsachaidh a-muigh còmhla. Tha iad seo a' solarachadh airson raon farsaing de luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach na feadhna a tha feumach air taic phearsanaichte agus feadhainn a tha a' gabhail theisteanasan adhartach os làimh. Mar eisimpleir, san sgoil seo tha ceanglaichean glè làidir leis a' cholaiste ionadail a bhios a' libhrigeadh àireamh de chùrsaichean, a' gabhail a-steach teisteanasan adhartachaidh nàiseanta ann an sgilean dùthchail, togail agus saorsainneachd aig Àrd-sgoil an Òbain. Tha iomadh duine òg a ghabh pàirt sna cùrsaichean a-nis a' rannsachadh cothroman buntainneach taobh a-staigh saoghal na h-obrach.



2

RANNSA CHADH CÙISE

Ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, Comhairle Siorrachd Chlach Mhannan

Leasaich is libhrig sgioba CLD Siorrachd Chlach Mhannan prògram eadar-ghluasad P7 gnìomhachd taobh a-muigh soirbheachail as t-earrach 2021.

'S e com-pàirteachas èifeachdach a tha sa phrògram seo eadar CLD, Sauchie Active 8, Play Alloo agus Ochil Youth and Community Improvements.

Fhuaras maoinachadh bhon Mhaoin Ath-shlànachadh Obair Òigridh gus gnìomhachdan a-muigh a libhrigeadh saor an-asgaidh do sgoilearan air feadh Comhairle Siorrachd Chlach Mhannan.

Libhrigeadh a' chuid as motha de na gnìomhachdan le luchd-obrach CLD, a' gabhail a-steach feadhainn a tha nan oidean blàr a-muigh uidheamaichte. Tha speisealaichean eile a' cumail taic ris a' phrògram cuideachd. Nam measg seo tha oide foghlam a-muigh uidheamaichte bho Youth Scotland, luchd-obrach na seirbheis maor-choille is treas roinne ionadail. Tha neart gu h-àraidh aig a' phrògram sa chom-pàirteachadh le sgiobaidhean à buidhnean eadar-dhealaichte a tha ag obair còmhlaidh gus prògram buannachdail a chur air dòigh do chlann a dh'aindeoin dùbhlain COVID-19. Tha na càirdeasan is obair ann an sgioba

air fàs rè ùine agus tha a' bhuidhean dheimhinneach air obair chom-pàirteach fhathast gu math nochdte.

A bharrachd air piseach a thoirt air am misneachd, fhuair a' chlann a ghabh pàirt sa phrògram an còrr fèin-chreidsinn agus mothachadh de choileanadh. Chuir trì cheud 's a dhà pàiste crìoch air Dynamic Youth Award agus tòrr dhiubh a' gabhail pàirt ann an duais phearsanta fa leth airson a' chiad uair. Chaidh gu math san àrainneachd a-muigh leis a' chuid as motha den chloinn. Leasaich a' chlann raon a bharrachd de sgilean

a' gabhail a-steach obair sgioba gu soirbheachail. B' urrainn do luchd-obrach òigridh fois-intinn a thoirt don chloinn mu bhith a' gluasad don àrd-sgoil. Chuidich seo le bhith a' togail misneachd na cloinne is a' lùghdachadh ìrean an iomagain. Bha na pàrantan taingeil gun d' fhuair an clann an cothrom a dhol an sàs ann an gnìomhachdan sa choimhearsnachd ionadail aca.



6. Ionnsachadh proifeiseanta

Tha ionnsachadh proifeiseanta àrd-chàileach a' togail misneachd an luchd-obrach ann a bhith a' lìbhrigeadh ionnsachadh a-muigh.



'S e feart nas treasa ann an suidheachaidhean ELC a tha ann an ionnsachadh a-muigh, leis gun deach fhigheadh a-steach thar ùine. Tha an luchd-cleachdaidh a' dol an sàs nas bitheanta ann am modh-obrach co-obrachail, le co-leithidean air feadh an ùghdarras ionadail, gus piseach a thoirt air càileachd ionnsachadh a-muigh. Bidh iad a' còmhradh mun chleachdadh aca, a' com-pàirteachadh fios agus eòlas agus a' cumail taic ri càch a chèile.

Ann an roinnean eile, thathar ag aithneachadh nas trice gum faod ionnsachadh a-muigh pàirt a chluich ann a bhith a' cumail taic ri clann agus daoine òga agus iad a' coileanadh gu soirbheachail. Bidh cuid de shuidheachaidhean is sgoiltean ag obair còmhla ri com-pàirtichean air an taobh a-muigh gus taic a chumail ri ionnsachadh proifeiseanta. Chithear seo gu h-àraidh sna cùisean far am bi an luchd-obrach a' lìbhrigeadh prògraman nàiseanta, mar eisimpleir Sgoiltean Coille, Duais Iain Muir, agus Duais Diùc Dhùn Èideann. Ann an aon de na h-ùghdarrasan ionadail, tha an sgioba ionnsachadh a-muigh a' togail comas an luchd-obrach teisteanasan creideasachta a lìbhrigeadh. Tha seo a' cumail taic ri àireamh nas motha de luchd-ionnsachaidh aithne nàiseanta is soirbheachas a choileanadh. Ann an àireamh de sgoiltean, tha an luchd-obrach a' rannsachadh an raoin de theisteanasan creideasachta a dh'fhaodar cleachdadh gus taic a chumail ri clann is daoine òga gus soirbheachas a choileanadh is gus sgilean cudromach fad-bheatha a leasachadh.

Tha am fàs ann an cleachdadh a' bhlàir a-muigh mar fhreagairt do chuingealachaidhean a' ghalair-sgaoilte air toirt air àrd-cheannardan taic a chumail ri luchd-obrach feum èifeachdach a dhèanamh den bhlàr a-muigh gus gnìomhachdan ionnsachaidh àrd-chàileach a thoirt do chlann is daoine òga. Anns

a' chuid as motha de sgoiltean is suidheachaidhean, tha an galar-sgaoilte air luathachadh mar a bhios an luchd-obrach a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh proifeiseanta ceangailte ri ionnsachadh a-muigh. Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' togail misneachd, sgilean is brosnachadh an luchd-obrach ionnsachadh a-muigh a lìbhrigeadh.

Bun-sgoil Ormiston, Comhairle Lodainn an Ear

Tha an sgoil air obair gu h-èifeachdach le Comhairle nam Pàrant, an t-ùghdarras ionadail, Sgioba Foghlam A-muigh Lodainn an Ear agus oighreachdan dùthchail ionadail gus na gnìomhachdan as iomchaidh aithneachadh airson libhrigeadh a-muigh.

Air sgàth buaidh COVID-19 b' fheudar don sgoil a modhan-obrach a mheasadh a thaobh ionnsachadh a-muigh. Mar eisimpleir, b' urrainn do P3 is 4 dol an sàs ann an gnìomhachd chòmhnaidh bhiorail.

Bidh an ceannard-sgoile a' sònrachadh luchd-obrach gu h-èifeachdach gus an gabh iad dreuchdan ceannardais air feadh na sgoile. Le taic bhon ùghdarras ionadail, tha raon de chothroman ionnsachaidh phroifeiseanta àrd-chàileach a' gabhail a-steach prògraman còmhnaidh do luchd-teagaisg air an luchd-obrach a chuideachadh gus eòlas is sgilean a leasachadh a tha a dhìth airson raon farsaing de ghnìomhachdan a-muigh a libhrigeadh.

Bidh an luchd-obrach ag obair còmhla gu math air feadh na sgoile gus ionnsachadh a phlanadh is a libhrigeadh. Bidh an luchd-obrach a' com-pàirteachadh an sgilean is eòlas le co-obraichean,



a tha a' cur ri cultar taiceil is co-obrachail. Tha seo a' fàgail gu bheillear a' tairgse gnìomhachdan a-muigh don chloinn nas trice.

Bidh modhan-obrach com-pàirteachail a chleachdas an sgoil gus ceannardas is prògraman ionnsachaidh a-muigh a' brosnachadh clann an sgilean ceannardais fhèin a leasachadh san sgoil, san dachaighean fhèin agus sa choimhearsnachd san fharsaingeachd. Bheir iad co-theacs don chloinn san tèid aca air an ionnsachadh is sgilean a leasachadh. Tha gu bheil na prògraman adhartach a' fàgail gun coilean clann teisteanasan bho Ùghdarras Theisteanais na h-Alba agus Duais Iain Muir ro dheireadh P7.



“Cha robh mi riamh air falbh bhom mhàthair fad oidhche roimhe seo agus dh'fhàs mi beagan troimh-chèile air an oidhche. Bha mo thidsearan is ceannardan math dha-rìribh, thug iad cudailean dhomh is dh'fhàg iad mi a' faireachdainn fada na b' fheàrr.”

“Tha fhios gum bi na sgilean riatanach agam agus bidh mi gam chur fhèin air adhart a bhith nam cheannard P7 airson a' champa P3.”

(neach-ionnsachaidh)

2

RANNSA
CHADH
CÙISE

Flowerbank Ionad Tràth- leana bacadh, Comhairle Siorrachd Àir an Ear

Aig toiseach turas ionnsachadh a-muigh an ionaid cha robh de mhisneachd aig gach neach-obrach ionnsachadh na cloinne a thoirt a-mach. An dèidh cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a bhith aca rè a' ghlaisaidh-sluaigh, tha an luchd-obrach uile a-nis dealasach is dìorrasach mu dh'ionnsachadh a-muigh. Bidh iad a' bruidhinn gu misneachail mun modhan-obrach agus mun bhuidh air builean don chloinn.

Thathar a' libhrigeadh raon de ghnìomhachdan planaichte leis an luchd-obrach, a' gabhail a-steach iòga agus furachas.

Tha ùidh na cloinne air a bhith àrd agus thug na pàrantan iomradh deimhinneach air buaidh nam prògraman seo.

Tha an luchd-obrach a' stiùireadh leasachadh ionnsachaidh a-muigh, nan dreuchd mar 'Ceathamaich A-muigh'. Bidh an luchd-obrach a' coinneachadh gach seachdain ann am buidhnean beaga gus ionnsachadh a-muigh a phlanadh. Tha planadh a' freagairt ri feumalachdan fa leth na cloinne. Mar thoradh,



cha mhòr nach eil gach pàiste an sàs san ionnsachadh fhèin agus tha iad toilichte is misneachail san àrainneachd a-muigh.

Bheir na h-àiteachan a-muigh cothrom don chloinn ionnsachadh is leasachadh ann an àrainneachd shàbhailte is thogarrach. Tha a' chlann 's an luchd-obrach a' leasachadh an ath-leumachd, a tha a' toirt buaidh dheimhinneach air am beathannan.



“Tha mi gu math moiteil às mo sgioba on a tha iad uile air gabhail ri cothroman ionnsachaidh proifeiseanta, a dh'fhàg buaidh dheimhinneach air eòlasan nam pàiste uile.”

(ceannard
ionaid)

Eàrr-ràdh 1: suidheachaidhean is sgoil air an robhar a' tadhail

Bu toil le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh taing a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadaidh, luchd-obrach, clann, daoine òga, com-pàirtichean is pàrantan airson am pàirteachadh rè nan tadhailean agus an deòin a bhith a' com-pàirteachadh an eòlais de dh'ionnsachadh a-muigh.

SGOIL AIRSON GACH AOIS

- [Acadamh Bhràghad Albainn](#) Comhairle Pheairt is Cheann Rois

SUIDHEACHAIDHEAN TRÀTH-IONNSACHAIDH IS CÙRAM - CLOINNE

- [Ionad Thràth-leanabachd Flowerbank](#), Comhairle Siorrachd Àir an Ear
- [Sgoil-àraich A-muigh FossoPLAY](#), Comhairle Pheairt is Cheann Rois
- [Lauriston Castle Forest Kindergarten](#), Comhairle Baile Dhùn Èideann
- [Orchard Nature Nursery](#), Comhairle Dhùn Phrìs is Ghall-Ghàidhealaibh

BUN-SGOILTEAN

- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Bantaskin](#), Comhairle na h-Eaglaise Brice
- [Bun-sgoil Barcaldine](#), Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Chatelherault](#), Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas
- [Bun-sgoil Drymen](#), Comhairle Shruighelea
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Dyce](#), Comhairle Baile Obar Dheathain
- [Bun-sgoil is Ionad ELC Ghart a' Chàim](#), Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar
- [Bun-sgoil is Ionad ELC Gavinburn](#), Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar
- [Bun-sgoil is Ionad ro-chòig Inbhir Aora](#), Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Kilmacollm](#), Comhairle Inbhir Chluaidh
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Ormiston](#), Comhairle Lodainn an Ear

- [Bun-sgoil Rashielea](#), Comhairle Siorrachd Rinn Friù
- [Bun-sgoil St Andrews Fox Covert](#), Comhairle Baile Dhùn Èideann
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich St Andrew's](#), Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich St David's RC](#), Comhairle Lodainn Mheadhanaich
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Stow](#), Comhairle Chrìochan na h-Alba
- [Bun-sgoil is Ionad Thràth-bhliadhnaichean Tarbolton](#), Comhairle Siorrachd Àir a Deas
- [Bun-sgoil is clas Sgoil-àraich Urafirth](#), Comhairle Shealtainn

ÀRD-SGOILTEAN

- [Àrd-sgoil Beeslack](#), Comhairle Lodainn Mheadhanaich
- [Sgoil Gràmar Baile nan Granndach](#), Comhairle na Gàidhealtachd
- [Àrd-sgoil Coimhearsnachd Inveralmond](#), Comhairle Lodainn an Iar
- [Àrd-sgoil an Òbain](#), Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

SGOILTEAN SÒNRAICHTE

- [Seirbheis Taic Àrd-sgoil Siorrachd Chlach Mhanann](#), Comhairle Chlach Mhanann
- [Acadamaidh Linburn](#), Comhairle Baile Ghlaschu
- [Sgoil Woodlands](#), Comhairle Baile Dhùn Èideann

IONNSACHADH IS LEASACHADH

COIMHEARSNACHD

- [Seirbheis Foghlam A-muigh](#), Comhairle Arcaibh
- [Seirbheis CLD](#), Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann
- [EPIC Days](#), Comhairle Baile Dhùn Èideann
- [Highlife Highland](#), Comhairle na Gàidhealtachd
- [Foghlam \(Ionnsachadh A-muigh\)](#), Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

SGOIL GHÀIDHLIG

- [Sgoil Dhalabroig](#), Comhairle nan Eilean Siar

Foghlam Alba, Taigh
Denholm Pàirc
Gnothachais Almondvale
Way Baile Dhunlèibhe EH54
6GA

F +44 (0)131 244 4330
P-d enquiries@education.scot.nhs.uk

www.education.gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin, 2022

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo (ach na dealbhan is suaicheantasan) ath-chleachdadh gu saor 's an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo Cheadachas an Rìaghaltais Fhosgailte fhad 's a thèid ath-chleachdadh gun mhearachd agus chan ann air dòigh mheallta. Feumar aithneachadh gur ann aig Foghlam Alba a tha a' chòir-lethbhreac, agus feumar tiotal na sgrìobhainne a nochdadh.

Gus an ceadachas fhaicinn, tadhail air <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no post-d: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air còir-lethbhreac aig treas-phàrtaidh sam bith a chomharrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn on fheadhainn aig a bheil a' chòir-lethbhreac.

